

GAIRM GU ÙRNAIGH: LATHA NA SÀBAID AN DARA LATHA DHEN
LÙNASTAL
Ùrnaigh aig 7f

Tha sinn fhathast ann an làithean mì-chinnteach, gun shealladh soilleir air an rathad a tha romhainn. Gu dearbh, 's mathaid gum bi feum againn ceum air ais a ghabhail mus tèid sinn air adhart a-rithist.

Chìthear anns na Soisgeulan gun robh amannan ann far an robh aig Ìosa ri dhol “gu àite fàsail leis fhèin.” Agus tha fhios againn gun robh Ìosa ri ùrnaigh anns na h-amannan sin, agus a’ sireadh làthaireachd Dhè. Rinn e sin gus am b’ urrainn dha chumail air le obair a mhinistrealachd. Ann an Soisgeul Mhata, as deidh dha thilleadh bhon àite fhàsail, chì sinn truas Dhè air a fhoillseachadh ann an Ìosa. Mar fhreagairt do feumalachdan nan daoine a thàinig thuige, thug e dhaibh biadh math gus an neartachadh (Mata 14: 13 - 21). Gum biodh sinn uile a’ fàs eòlach air truas agus làthaireachd Dhè fhad sa tha sinn air ar slighe.

Dèanamaid ùrnaigh:

A Dhè an truais,
bi maille rinn an-diugh,
mar a bha thu maille rinn anns na làithean a dh’fhalbh,
agus bi maille rinn anns na làithean a tha ri teachd.
A Thighearna, na do thròcair,
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè, cha tig crìoch air do thruas.
Thig thugainn nuair a tha sinn aig crìoch ar neirt.
Treòraich sinn, agus bheir dhuinn neart ùr.
Gus am faigh sinn eòlas ort, agus gus an lorg sinn annad spionnadh a-rithist.
A Thighearna, na do thròcair,
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè, tha thu a’ foillseachadh do thruais dhuinn ann an làthaireachd Ìosa.
Dèonaich dhuinn eòlas air an làthaireachd sin.
Ann an làthaireachd do Mhic, deònaich gum biodh fhios againn gu bheil e ann
air ar son an-diugh.
A Thighearna, na do thròcair,
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè, tha do thruas a' freagairt feumalachdan mhic an duine.
Deònaich dhuinn an comas gus freagairt Ìosa dhaibhsan a tha a' fulang
fhoillseachadh.

Deònaich dhuinn an comas fianais mud dheidhinn a thoirt nar beathannan, agus
an aire a thoirt dar coimhearsnaich.

A Thighearna, na do thròcair,
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè an truais,
Doirt do ghràdh sìorraidh a-nuas air an t-saoghal,
gus am biodh do thruas a' lìonadh gach uile thìr,
agus a' ciùineachadh fulangasan an t-saoghail.
A Thighearna, na do thròcair,
èist ri ar n-ùrnaigh.

Soidhnichte:

An Ceart Urramach Màrtainn Fair, Moderàtor Àrd-Sheanadh Eaglais na h-Alba

Am Fìor Urramach Leo Cushley, Àrd-Easbaig Chill Rìmhinn agus Dùn Èideann

Am Fìor Urramach Marcus Strange, Primus as leth Colaiste nan Easbaigean,
Eaglais Easbaigeach na h-Alba

An t-Urramach Iain Fulton, Moderàtor, Eaglais Shaor Aonaichte na h-Alba

An t-Urramach Daibhidh Pickering, Moderàtor, Eaglais Ath-Leasaichte
Aonaichte (Alba)

An t-Urramach Màrtainn Hodson, Àrd-Stiùiriche, Aonadh Baisteach na h-Alba

An t-Urramach Marcus Slaney, Cathraiche Roinn-Dùthcha, Eaglais nam
Methodach (Alba)

An t-Urramach May-Kane Logan, Cathraiche, Caidreachas Co-thionalach ann
an Alba

Lt. Col. Carol Bailey, Rùnaire na h-Alba, Feachd na Slàinte

Adwao Bittle, Comann nan Caraidean (Cuagairean)

An t-Urramach Jim Ritchie, Àrd-Neach-Stiùiridh Roinn-Dùthcha, Eileanan Bhreatainn, Eaglais an Nàsaraich

Aoghaire Chris Gbenle, Aoghaire Roinn-Dùthcha, Mòr-Roinn na h-Alba, Eaglais Chrìosdal air Saoradh le Dia

Easbaig Francis Alao, Eaglais Dhè (Alba)/ Eaglaisean nam mìon-shluagh còmhla ann an Alba (MECTIS)

An t-Urramach Fred Drummond, Stiùiriche, Caidreachas Soisgeulach (Alba)